

LEABHAR-CHEISTEAN
AITIGEARR,

AIRSON

CLANN OG.

LE IAIN BROUN,

Ministeir an t-Shoisgeil bha ann an Hadington.



EDINBURGH:

PUBLISHED BY

THORNTON AND COLLIE,

19, ST DAVID STREET.

1842.



LEABHAR-CHEISTEAN,

LITHGHEARR, &c.

- 1 C. Co a rinn thu ?
F. Dia.
C. Co a shaor thu ?
F. Criosd.
C. Co a naomhaicheas thu ?
F. An Spiorad Naomha.
C. Co dheth a chaidh do dheanamh ?
F. Do dhuslach.
5 C. Ciod a tha sin a' teagasg dhuit ?
F. A bhi iriosal agus cuimhneach air a bhas.
C. Ciod a' chrìoch mu'n deach do dheanamh ?
F. Chum seirbheis a dheanamh do Dhia.
C. C'arson a bhuineadh dhuit seirbheis a dheanamh do Dhia ?
F. Do bhrìdh gur e a rinn mi, a ni mo thearnadh, agus a shaoras mi.
C. Cia mar bu choir dhuit seirbheis a dheanamh do Dhia ?
F. Le mi' chreidsinn na Mhac, a gairm

air ainm' agus a' freagairt a chuid aithnean.

C. Co ris bu choir duit ūrnuigh dheanamh?

F. Ri Dia a mhain.

10 C. Cia cho tric is'm bu chōir dhuit urnuigh dheanamh ri Dia?

F. Air a chuid i's ainmig gach madainn a's feasgar.

C. Ciod iad na nithibh air son bu chōir dhuit ūrnuigh lathail a chuir suas ri Dia?

F. Gu'n tugadh e mi dhiunnsaidh Chrìosd, gu'n ath-nuadhaicheadh e mo chridhe, gu maitheadh e mo pheacannan, agus gu'n deanadh e mo ghleidheadh o olc.

C. Ciod e an gnē cridhe tha agad a thaobh naduir?

F. Cridhe air a lionadh le neo-fhìreantachd.

C. Am bheil do chridhe aingidh, a deanamh t-uile smuaintean, bhriathran agus ghluasad peacach?

F. Tha; cha'n eil mi a' deanamh aon ni ach peacadh.

C. An urrainn thu do chridhe aingidh a dheanamh nis fearr agus ath nuadhachadh?

F. Cha'n urrainn, tha mi marbh ann an euceartan agus ann am peacadh.

15 C. Ciod eile dh'atharaicheas agus a leaghas do chridhe ceannairceach cruaidh, agus clachaidh ?

F. Cha'n atharraich aon ni ach neart uile-chumhachdach agus saor ghràs Dé.

C. 'N dogheal Dia dhuit cridhe nuadh, mathanas peacaidh, leis gach uile bheannachd eile, agus an d'àithn e ort iarraidh airsan le ùrnuigh ?

F. Gheall ; agus dh'àithn e orm iarraidh airsan le urnuigh.

C. Co air sgath 'm bu chòir dhuit na tròcairean so iarraidh air Dia ann an ùrnuigh ?

F. Air sgath Chrìosd a mhain.

C. Car son a dh'fheumas tu a bhi cho dùrachdach ann an urnuigh airson coir an Crìosd, nuadhachd cridhe agus mathanas peacaidh ?

F. Chum 's gum bi mi beo do gnath, agus ullaichte fo chomhair bais.

C. Am bheil do bheatha ro ghearr, anmhan agus neo-chinnteach ?

F. Tha ; theagamh gu'm faigh mi bas air ann an tiota.

20 C. Ciod a dh'eireas duit ma bhas-aicheas tu ann ad pheaca annan ?

F. Feumaidh mi dol do dh'ifrinn maille ris na h-aingidh.

C. Ciod e ghnè aite a tha ann an ifrinn ?

F. Ionad bròin gu'n chrìoch, a ta na loch a ta dearg-lasadh le teine agus pronnasg.

C. Co iad na h-aingidh a theid do dh'ifrinn aig uair am bais ?

F. Iadsan a dhiultas Crìosd, 's ni dearmad air focal Dhé a leughadh, agus urnuigh dheanamh ris-san; iadsan a ni breugan, no goid, malluchadh, mionan, a nhi-naomhaicheas an t-Shabaid, agus a bhios eas-umhail da'm pàrantan.

C. Co iad companaich nan aingidh ann an ifrinn ?

F. An diabhol agus a chud ainghlean.

C. C'ait' an d' theid na fireanaich aig a bhas ?

F. Do nèamh.

25 C. Ciod e ghnè aite tha ann an neamh ?

F. Aite ro ghloirmhor, naomh', agus sonadh.

C. Co iad na fireanaich a theid do nèamh aig a bhas ?

- F. Iadsan a chreideas ann an Crìosd, 'a ghradhaicheas Dia, agus a dh' fhuathaicheas olc.
- C. Cìod a chuideachd a bhios aig na fireanaich ann an neamh?
- F. Dia an Athair, Crìosd an Slanuigh-ear, agus na h-ainghean naomha, agus na naoimh air an glòrachadh.
- C. Cìod e 'n t'aon rathad tha treorachadh do neamh?
- F. An 'Tighearn' Iosa a ghabhail, agus gluasadh ann.
- C. Cìod e an ni araidh bu choir dhuit a chuimhneachadh ann an laith-ean t-òige?
- F. Mo Chruithear agus m' Fhear-Saoraidh.
- 30 C. Cìod a tha Dia gu h-araidh ag iarraidh ort?
- F. A chreidsinn agus a bhi umhal dha.
- C. Cìod e 'n t'aon riaghailt creideamh agus umhlachd?
- F. Am Biobal, no na Sgrìobtuirean Naomha.
- C. Co bu choir dhuit a ghradhachadh thar na h-uile nithibh?

- F. Dia ann an Criosd, mar n' Athair agus mo chuibhrionn.
- C. C'arson bu choir dhuit Dia a ghradhachadh thar na h-uile nithibh ?
- F. Do bhrìdh gu'm bheil e cho glormhor ann fein, agus cho caoimhneil domhsa.
- C. Ciod an ni anns am bheil Dia cho caoimhneil riut ?
- F. Tha e tort-domh mo bheatha, slainte, teachd-an tìr agus trusgan ; agus a' tairgse Chrìosd dhomh, agus gach uile ni math maille ris.
- C. C'aite 'm bheil t-ard shonas a co-sheasamh ?
- F. Ann an Dia 'a mhealtainn.
- C. Ciod e Dia ?
- F. Is Spiorad Dia.
- C. Ciod a ghne Spiorad is e Dia ?
- F. Tha Dia na Spiorad neo-chrìochnách, bith bhuan agus neo-chaochlaideach.
- C. Am bheil Dia a faicinn agus a fiosrachadh gach ni ?
- F. Tha ; is fios da dearbh smuaintean ar cridheachan.
- C. A'n urrainn Dia gach ni thogras e dheanamh ?

- F. Is urrainn ; oir tha e uile chumhachdach.
- 40 C. An urrainn e ni peacach a dheanamh no gabhail ri ni peacach ?
- F. Cha'n urrainn ; oir tha e neo-chriochnach naomh.
- C. Co lion Dia a ta ann ?
- F. Cha'n eil ann a Aon a mhain.
- C. Co lion Pearsa a ta san Diadhachd ?
- F. Tri ; an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomha.
- C. An e gach aon do na tri Pearsaibh so an Tia's ro Airde, agus an t'aon Dia fìor a mhain ?
- F. Is se.
- C. Uime sin, nach dean na tri Pearsaibh so tri Diadhan ?
- F. Cha dean ; tha iad nan aon, agus an taon Dia.
- C. Ciod an ni anns am bheil iad nan aon ?
- F. Ann am bith.
- C. Ciod ann ni anns am bheil iad coionnan ?
- F. Ann an cumhachd, agus an gloir.
- C. Uime sin nach eil Dia gu mor ni's mo agus nis glormhoire na's urrainn sinne smuainteachadh ?
- F. Tha.

- C. An robh toiseach aig Dia ?
 F. Cha robh.
- C. Am bi crìoch gu brath aige ?
 F. Cha bhi ; tha e bho bhith-bhuantachd gu bith-bhuantachd.
- 50 C. An robh toiseach aig gach nì ach Dia ?
 F. Bha.
- C. Am bi crìoch aig gach nì ach Dia ?
 F. Cha bhi ; bidh ainghlean agus anaman dhaoine beò gu brath.
- C. Co thug toiseach do gach nì ?
 F. Dia.
- C. Co dheth a rinn Dia gach nì ?
 F. Do reon.
- C. Co leis a rinn e gach nì ?
 F. Le focal a chumhachd.
- C. Cìod an uine anns an d'rinn e gach uile nì ?
 F. Ann an uine shia latha.
- C. Cìod a chrìoch mun d'rinn e gach nì ?
 F. Air son a ghloir fein.
- C. Cìod an staid anns an d'rinn e gach nì ?
 F. Rinn Dia gach uile nì ro mhaith.
- C. An do mhair gach nì mar sin fathast ?
 F. Cha do mhair ; Rinn peacadh

deamhnan agus daoine gu h-ana-barrach olc.

C. Cìod an nì as miosa th'air an t-shaoghal?

F. Am peacadh, an nì graineil sin is fuath le Dia.

60 C. Cìod a tha deanamh a pheacaidh cho ro olc?

F. Tha e cuir fearg air Dia, agus a bristeadh a reachd.

C. Co lion seòrsa peacaidh a ta ann?

F. A dha.

C. Cìod iad an da sheorsa so?

F. Peacadh gin agus gnìomh.

C. Cìod e peacadh gin?

F. Is e'm peacadh sin anns an robh mi air mo ghintinn agus air mo bhreth.

C. An dean peacadh gin do thruailleadh gu h-iomlan : agus an leor e chum do ghiulando dh'ifrinn, ge'd nach biodh peacadh eil' annad?

F. Nì e mo thruailleadh agus mo chuir do dh'ifrinn gun pheacadh eile.

65 C. Cìod e peacadh gnìomh?

F. Is e am peacadh sin a ta mi ghna a deanamh gach latha, an smuain, an facal, agus an gnìomh.

C. Cìod e tuarasdal a pheacaidh?

F. Am bas agus ifrinn.

C. Ciod a tha thu thaobh naduir uime sin ?

F. Tha mi ann am namhaid do Dhia, am leanabh le Satan, agus am oidhre air ifrinn.

C. An robh an cinneadh-daona air tus air an cruthachadh anns an staid pheacaich agus thruaigh so ?

F. Cha robh bha ar ceud sinnseara Adhamh agus Eabha air an cruthachadh ann an staid ro-naomha agus shona.

C. 'N do mhair iad anns an staid noamh agus shona sin anns na chruthaicheadh iad ?

F. Cha do mhair ; thuit iad uaidhe.

70 C. Cia mar thuit iad uaidhe ?

F. Le peacachadh an aghaidh Dhé.

C. Ciod a cheud pheacadh a rinn Adhamh agus Eabha ?

F. Iad itheadh do'n mheas thoirmisgte.

C. Co thoirmisg dhoibh itheadh do'n meas so ?

F. Dia.

C. Co a bhuair iad a chum itheadh d'beth ?

F. An Daibhol.

C. Ciod an cron a bha ann iad a meas so ithe ?

- F. Le sin bhris iad cumhnanta Dhia,
agus air an aobhar sin sgrios
iad iad fein, agus an uile shliochd.
- 75 C. Co lion cumhnant a thann ?
- F. Da chumhnant.
- C. Ciod iad an da chumhnanta so ?
- F. Cumhnant nangniomh agus cumh-
nant nan gras.
- C. Co ris a rinn Dia cumhnant nan
gniomh ?
- F. Ri Adhamh air a shon féin agus air
son a shliochd.
- C. Co ris a rinn e cumhnant nan
gràs ?
- F. Ri Criosd ann an ainm na muinntir
thaghta.
- C. Ciod a bh'air iarraidh ann an cumh-
nant nan gniomh ?
- F. Umhlachd iomlan Adhamh.
- 80 C. Ciod a bh'air iarraidh ann an
cumhnant nan gràs ?
- F. Criosd a cho-lionadh gach uile
fhireantachd.
- C. Co do na da chumhnanta so is
ro òidheirce agus is glormhoire ?
- F. Cumhnant nan gràs.
- C. Cionnas a tha cumhnant nan gràs
ni's ro òidheirce ?

- F. Tha a bheannachdan ni's mò agus ni's saoire, agus cha ghabh e a bhristeadh.
- C. C'arson nach urrainn cumhnant nan gràs a bhi air a bhristeadh ?
- F. Do bhrìdh nach urrainn Criosd tuiteam mar a rinn Adhamh.
- C. 'N do bhris thusa agus an cinne daoine gu léir cumhnanta nan gnìomh ann an Adhamh a' meas toirmisgte itheadh ?
- F. Bhris.
- 85 C. Cia mar is urrainn sin a bhith, is nach robh thu'n sin air do bhreith ?
- F. Bha Adhamh 'gam shamhlachadh-sa, agus pheacaich mi annsan.
- C. Cìod bho'n thuit thu le Adhamh a meas toirmisgte itheadh ?
- F. Bho staid naomhachd agus shonais.
- C. Càit' anns 'n do thuit thu leis ?
- F. Ann an staid peacaidh agus truaighe.
- C. Am bheil aon tearnadh bho'n staid peacaidh agus truaighe, a dh'iunnsaidh an d' rinn bristeadh cumhnant nan gnìomh do tharruinn ?
- F. Tha ; trid cumhnant nan gràs.

C. Nach urrainn do dheagh smuaintean fein, do bhriathran na do gnìomh-aran, do thearnadh trid chumh-
nant nan gnìomh ?

F. Cha'n urrainn ; tha gach nì a nì mì
peacach.

90 C. An urrainn Dia do pheacadh
a mhaitheadh gu'n a cheartas a
riarachadh ?

F. Cha'n urrainn ; “ cha shaor e air
aon doigh an ciontach.”

C. An urrainn thu ceartas Dhé a riath-
rachadh air son do pheacaidh
fein ?

F. Cha'n urrainn. Cha'n urrainn mi
eadhon stad gu'n a bhì cuir pea-
cadh ri peacadh.

C. An d' fhuair Dia riarachadh air son
do pheacaidh bho aon eil' as do
leth ?

F. Thuair.

C. Co uaidhe fhuair Dia riarachadh
air son do pheacaidh ?

F. Bho ar Tighearna Iosa Crìosd.

C. Cia mar a thug Iosa' Crìosd ri-
arachadh air son peacaidh ?

F. Choimhlion e an lagh, agus thug e a
bheatha mar eiric air son iomadh.

95 C. C'arson nach b' urrainn aon sam bith ach Criosd riarachadh a thoirt air son do pheacaidh ?

F. Do bhrìdh nach b' urrainn aon air bith ach esan coraich shiorruidh a-ghiulan.

C. Ach co e an t-Iosa Criosd so ?

F. Is e Mac sìorruidh Dhé a ann ar nadur-ne.

C. Co sholair Iosa Criosd gu bhi na Fhear-saoraidh dhuinne ?

F. Dia, an Tì sinn a rinn sinn a dhiomhachadh le ar peacadh.

C. Ciod a ghluais Dia chum an t-Urras agus am Fear-saoraidh ghlor-mhor so a sholair dhuinne ?

F. Cha do ghluais aon ni ach a shaor thoil féin.

C. Co lion dreuchd a tha aig Criosd ?

F. A trì.

100 C. Ciod iad trì dreuchdan ar Fìr-saoraidh ?

F. Dreuchdan Fàidh, Sagairt, agus Rìgh.

C. Ciod a chrìoch ma 'm feum thu Fear-saoraidh leis na dreuchdan trì-fillte so ?

F. A chum mo thruaighe thri-fillte a leigheas.

- C. Ciod iad do thruaidhe thri-fillte ?
 F. Aineolas, ciont, agus daorsa.
- C. Cia mar tha Criosd mar fhaidhe a' leigheas t-aineolais ?
 F. Le fhocal agus le spiorad ga'm theagasg.
- C. Cia mar tha Criosd mar shagart a toirt air falbh do chiont' ?
 F. Le umhlachd do lagh Dhe, agus a basuchadh air mo shon.
- 105 C. Cia mar tha Criosd mar Righ gad dhion o' dhaorsa ?
 F. Le 'm shaoradh bho chumhachd a pheacaidh agus Shatain.
- C. Co lion nadur a tha aig Criosd ?
 F. A dha.
- C. Ciod iad da nadur ar Fir-saoraidh ?
 F. Nadur De agus nadur duine.
- C. An robh Criosd na Dia bho shiorruidheachd ?
 F. Bha.
- C. An robh Criosd na dhuine bho shiorruidheachd ?
 F. Cha robh.
- 110 C. C'uin a dh' fhas ar Fear-saoraidh na dhuine ?
 F. "Ann an coimlionadh na h-aimsir ;"

bho cheann còr is ochd ceud deug bliadhna.

C. Ciod a tha Criosda an nise ?

F. Tha e na Dhia agus na dhiune, araon ann an aon phearsa.

C. Ce fad an uin a mhaireas Criosd na Dhia agus na dhuine ann an aon phearsa ?

F. Gu siorruidh.

C. Ciod an staid anns an d' rugadh Criosd 'n uair thainig e gu bhi na dhuine ?

F. Ann an staid iosail.

C. Ciod a bha'n an staid iosal sin ?

F. Rugadh e le bean an-uasal, ann an stàbull, agus chuireadh na laidhe ann am prasaich e.

115 C. Ciod a ghnè beatha a bha aig Criosd anns an t-shaoghal so ?

F. Beatha ro dhoilgheasach agus bhronach.

C. Ciod rinn beatha Chriosd cho ro dhoilgheasach agus bhronach ?

F. Corraich Dhe agus comhaicheadh pheacaich.

C. Ciod e'm bas maslach agus craiteach leis na bhasaich Criosd ?

- F. Bas malluichte a chroinn-cheusaidh.
- C. Ciod a chrìoch mu'n do ghiulain
Crìosd na fulangais so uile ?
- F. Chum ceartas Dhe a riarachadh,
agus eiric a thoirt arson ar peac-
aidh ne.
- C. Ciod a thainig air Crìosd an deigh
a bhais ?
- F. Chaidh a chorp a thiodhlacadh,
agus chaidh anam do nèamh.
- 120 C. Cia fad a dh'fhan corp Chrìosd
san uaigh ?
- F. Earainn de trì laithean.
- C. 'N do thruaill corp Chrìosd san
uaigh ?
- F. Cha do thruaill.
- C. Cia mar thachair sin ?
- F. A chionn gu'n robh e gu'n pheac-
cadh.
- C. Ciod a thainig air Chrìosd an deigh
laidhe san uaigh ?
- F. Dh'eirich e bho na mairbh, agus
chaidh e suas do nèamh.
- C. C'ait' am bheil e 'n sin na shuidhe ?
- F. Aig Deas lamh Dhe.
- 125 C. Cia an ùine a dh'fhanas Crìosd
na shuidhe aig deas lamh Dhe ?
- F. Gu siorruidh.

- C. An tig Crìosd gu brath tuille chum an t-shaoghal so ?
- F. Thig.
- C. C'uin a thig e rithist a dh'uinnsaidh an t-shaoghail ?
- F. Air an latha dheireannach.
- C. Ciod a chrìoch mu'n tig e rithist air an latha dheireannach ?
- F. A chum breith a thoirt air an t-shaoghal.
- C. Co air an toir Crìosd breith air an latha dheireannach ?
- F. Air na deamhain uile agus air daoine, araon air an t-shluagh bheò agus air na mairbh.
- 130 C. Co air a dh'fheumas sinn cunntas a thoirt san uair sin do Dhia ?
- F. Feumaidh sinn cunntas a thoirt air son ar n' uille smuaintean, bhriathran agus ghniomheara.
- C. Co leis a dhuisgear na mairbh air an latha dheireannach ?
- F. Le neart uile-chumbachdach Dhe.
- C. Co bheir sinne agus an cinne-daoine gu h-iomlan gu lathair cathair breitheanais Chrìosd ?

F. Na h-ainghlean naomha.

C. Co chuireas Criosd air a laimh dheis air latha bhreitheanais ?

F. Na fireanaich.

C. Co chuireas e air a laimh chli ?

F. Na h-aingidh.

135 Ciod a 'm binne theid a thoirt air fireanaich ?

F. "Thigibh a shluagh beannaichte m'athar-sa sealbhaichibh an rioghachd a chaidh ullachadh dhuibh o leagadh bunait an t-shaoghail."

C. Ciod a theireir ris na h-aingidh ?

F. "Imichibh uam a shluagh maluichte chum an teine shiorruidh a dh'ullaicheadh do'n diabhol agus d'a ainghlean."

C. Ciod a dh'eireas do na h-aingidh an deigh a bhinn so a thoirt orra ?

F. Theid am tilgeadh eadar anam agus chorp do theine ifrinn.

C. Ciod a dh'eireas do na fireanaich ?

F. Triallaidhidh iad gu buaidh chaithreamach do neamh le Criosd.

C. Ciod a bhios na h-aingidh deanamh gu siorruidh ann an ifrinn ?

F. Bidhidh iad ag beuchda', a mal-luchadh, agus a' toirt toibheum do Dhia.

- 140 C. Ciod a bhios na fireanaich a deanamh gu siorruidh ann an nèamh?
- F. Bidhidh iad a' faicinn glòire, agus a seinn cliù Dhe ann an Crìosd.
- C. Cia mar a ruigeas sinne air an staid bheannaichte sin?
- F. Le coir fhaotainn ann an Crìosd agus na fhireantachd.
- C. Ciod a tha thu ciallachadh le fireantachd Chrìosd?
- F. Umhlachd agus fhulanghas-san, no a ghnìomharadh agus a bhàsachadh.
- C. An urrainn dochas a bhi agad gu'm faigh thu steach do nèamh tre fhìreantachd Chrìosd, agus fòs a bhi buannachadh ann an staid easumhail do dh' aithnean De?
- F. Chan urrainn; "as eugmhais naomhachd cha'n fhaic neach air bith an an Tighearna."
- C. Co lion a th'ann do dh' aithnean De?
- F. A. deich.
- 145 C. Cia air an do sgrìobh Dia bho shean na deich aithnean?
- F. Air da chlar cloiche.



- C. Co lion aithne ata air a cheud chlar?
 F. A ceithir.
- C. Co lion aithne a ta air an dara clār ?
 F. A sia.
- C. Ciod a tha cheud chlar a' cumail ?
 F. Ar dleasdanas do Dhia.
- C. Ciod a tha an dara clar a' cumail ?
 F. Ar dleasdanas do dhuine.
- 150 C. Co dha liubhair Dia an da
 chlār so do a lagh fèin ?
 F. Do Mhaois agus do chlann Israeil
 aig sliabh Shinai.
- C. Ciod e coimhlionadh lagh Dhe gu
 h-iomlan ?
 F. Gràdh do Dhia, agus gràdh do
 dhuine.
- C. Ciod a tha cheud aithne ag iarr-
 aidh ort ?
 F. An Tighearna a ghabhail a mhain
 gu bhì na Dhia dhomh ann an
 Criosd.
- C. C'arson a dh'fheumas tu Dia a
 ghabhail, MAR ANN AN CRIOSD,
 air son do Dhia ?
 F. A thaobh gur ann an Criosd a mhain
 a tha Dia a' reiteachadh an t-
 saoghail ris féin.
- C. Ciod a tha'n dara aithne ag iarr-
 aidh ort ?

F. A bhi 'g urnuigh ris agus a moladh Dhe, agus fhocal a leughadh agus eisdeachd.

155 C. Ciod a tha'n treas aithne a toirmeasg dhuit?

F. Tha i toirmeasg dhomh gun a bhi malluchadh no mionachadh, no labhairt gu h-eutrom mu Dhia.

C. Ciod a tha'n ceathramh aithne ag iarraidh ort?

F. Mi chuimhneachadh latha na sabaid a chumail naomh.

C. Ciod a tha'n cuigeamh aithne ag iarraidh ort?

F. Onair agus umhlachd a thoirt do m'athair agus do m' mhathair.

C. Ciod a tha'n siathamh aithne a toirmeasg dhuit?

F. Tha i toirmeasg dhomh gun a bhi ri tuasaid, agus gun mi fein no mo choimhearsnach a chuiradh.

C. Ciod a tha'n seachdamh aithne a toirmeasg dhuit?

F. Tha i toirmeasg dhomh gach uile neo-ghlaine, agus gach cainnt shalach.

160 C. Ciod a ta an t-ochdamh aithne a toirmeasg?

- F. Gach uile mhealltaireachd, ghad-uidheachd agus spuinnidh.
- C. Ciod a tha'n naoidheamh aithne ag toirmeasg ?
- F. Breugan agus bruidhinn olc ma m' choimhearsnach.
- C. Ciod a tha'n deicheamh aithne ag toirmeasg ?
- F. Gach uil' fharmad agus a bhi sanntachadh cuid mo choimhearsnaich.
- C. Ciod an doigh air m' bu choir dhuit na deich aitheantan so a chumail ?
- F. Gu h-iomlan agus daonann.
- C. An urrainn thu a h-aon diu a chumail air an doigh sin ?
- F. Cha'n urrainn; tha mi ga'm bristeadh gu leir gach latha.
- 165 C. Ciod an ni anns am bheil thu gach latha bristeadh aitheantan Dhe ?
- F. A'm smuaintean, a'm fhocail agus a'm ghnìomhearan.
- C. Ciod a tha'm bristeadh is lugha air na h-aithnean so a toilltinn ?
- F. Fearg agus corruich shiorruidh Dhe.
- C. Cia leis a tha duil agad a dol as bho fhearg agus chorruich Dhe ?
- F. Trid Iosa Crìosd, Urras nam peacach cailte.

- C. Am bi gach duine air a thearnadh leis na rinn agus na dh' fhuiling Crìosd ?
- F. Cha bhi " Tha moran air an gairm ach beagan air an taghadh."
- C. Co a dh' fhaodas le dearbh-chinnt suil a bhi achda ri slainnte tre Chrìosd ?
- F. Iadsan a chreideas ann do rìreadh, agus a ghabhas aithreachas air son am peacana.
- 170 C. An urrainn thus creidsinn agus aithreachas a dheanamh dhiot fein ?
- C. Cha'n urrain ; se creideamh agus aithreachas saor-thabhartas Dhe.
- C. Nach eil thusa a d' choigreach do Dhia agus fada uaidhe do thaobh naduir ?
- F. Tha.
- C. Cia mar a tha peacaich air toirt fagus do Dhia ?
- F. Le fuil agus Spiorad Chrìosd a mhain.
- C. Ciod iad na meadhonaibh an gnath-aichte air ar eolas air Crìosd ?
- F. Am focal, sacramaidean, agus urn-ugh.
- C. C'uin a tha'm focal na mheadhon air t-eolas air Crìosd ?

F. 'Nuair a tha e air a leughadh agus air eisdeachd le creideamh agus gradh.

175 C. Co lion sacramaid a ta ann ?

F. A dha.

C. Ciod iad an da shacramaid so ?

F. Baisteadh agus Suipeir an Tighearna.

C. Co a shuidhich na sacramaidean so?

F. Iosa Crìosd, an t'aon Rìgh agus ceann na h-Eaglais.

C. Ciod a chrìoch mu'n do shuidhich Crìosd na sacramaidean so ?

F. Gu e fein a shamhlachadh, a sheulachadh, agus gu e-fein, agus a shochairan a nochdadh dhuinn.

C. Cia fhad 'sa mhaireas baisteadh agus suipeir an Tighearna anns an Eaglais ?

F. Gu ath-thighinn Chrìosd.

180 C. Co leis a chaidh do bhaisteadh?

F. Le uisge.

C. Ciod a ta 'n t-uisge thair a ghnathachadh sa bhaisteadh a' ciallachadh ?

F. Fuil agus Spiorad Chrìosd.

C. Co uaidhe ni fuil Chrìosd ar glanadh ?

F. Bho chiont agus salachar ar peacaidh.

C. Ciod am peacadh o'n robh feum agad a bhi air do ghlanadh ann ad naoidheanachd ?

F. Bho 'm pheacadh gine.

C. Co an t'ainm an anns deach do bhaisteadh ?

F. Ann an ainm an Athar, a Mhic, agus an Spioraid Naomh.

185 C. Ciod a dh'aicheadh thu ann ad bhaisteadh ?

F. Seirbhis an diabhoil, an saoghal, agus an fheoil.

C. Ciod a ghabh thu air laimh an ad bhaisteadh ?

F. An Tighearn a ghabhail a mhain gu bhi na Dhia dhomh ann an Criosd, agus seirbheis a dheanabh dha do ghnath.

C. Cia mar as urrainn thu do gheallachean baistidh a choilionadh ?

F. Feumaidh mi bhi ri urnuigh gach latha ri Dia air son grais a ni conadh leam gu sin a dheanamh.

C. An comas duit urnuigh cheart a dheanamh dhiot fein ?

F. Cha chomasachadh ; ach feumaidh mi guidhe gu durachdach, gu'n teagaisgeadh Criosd domh agus

gu'n conadh e leam urnuigh a dheanamh.

C. Ciodiad na meadhonabh leis an dean
Criosd ar teagasg agus ar conadh
gu urnuigh a dheanamh?

F. Le fhocal agus le Spiorad.

190 C. Ciod i an riaghailt araidh urnuigh a dh' fhag Criosd againe na fhocal?

F. Urnuigh an Tighearna.

C. An urainn thu urnuigh an Tighearna a radh?

F. Is urrainn; "Ar n-Athair a ta air neamh," &c.

C. Co lion iarrtas a ta ann?

F. A sia.

C. Ciod e cheud iarrtas a ta ann an urnuigh an Tighearna?

F. Naomhaichear t'ainm.

C. Ciod e an dara iarrtas?

F. Gun tigeadh do Righeachd.

195 C. Ciod e treas iarrtas?

F. Gun deanair do thoil air talamh mar a ta e air neamh.

C. Ciod e an ceathramh iarrtas?

F. Tabhair dhuinn an diugh ar n'aran lathail.

C. Ciod e an cuigeamh iarrtas?

- F. Maith dhuinn ar fiachan (ar peacannan) mar a mar a mhaitheas sinn fein d' ar luchd fiachan.
- C. Ciod an seathamh iarrtas ?
- F. Na leig sinn an am buaireadh ach saor sinn o olc.
- C. Cia mar a tha Spiorad Chrìosd toirt comas urnuigh dhuit ?
- F. Le cridhe na h-urnuigh a thoirt dhomh agus a nochdach dhomh ciod bu choir dhomh iarruidh ann an urnuigh.
- 200 C. A'n gabh Dia ri iarrtas do bheoil ?
- F. Cha ghabh ; mar tig iad bho m' chridhe.
- C. An urainn thu urnuigh a dheanamh le d' chridhe mar, bheile e air ath-nuadhachadh le Spiorad Dhe ?
- F. Cha'n urrainn.
- C. Ciod is urnuigh nan angidh ann am beachd Dhe ?
- F. Tha i na grainealachd do Dhia.
- C. An gabh thu uime sin ri Crìosd, ri urnuigh dhurachdaich, agus bhidh beo gu stuaim, ionnraic, agus diadhaidh ?
- F. Gabhaidh ; tre ghras 'Dhe' ga m' chonadh gu sin a dheanamh.

C. Ciod a shruthas fadheoigh bho t-fhior chreideamh, t-urnuighean dhurachdach, agus bho bheatha naomha ?

F. Mi Dia ann an Criosd a lan mhealltainn, agus a mholadh gu buaidh chaithreamach gu suithainn sior.

URNUIGH AN TIGHEARNA.

AR n-Athair a ta air neamh, Gu'n naomhaichear t'ainm. Gu tigeadh do rioghachd. Gu deanar do thoil air thalamh, mara nithear air neamh. Tabhair dhuinn an diugh ar n-aran lathail. Agus maith dhuinn ar fiacha, mar a mhaitheamaid d'ar luchd-fiachaibh. Agus na leig sinn am buaireadh, ach saor sinn o olc : Oir is leatsa an rioghachd, agus an cumhachd, agus a' ghloir, gu siorruidh. Amen.

Altacha Leinibh roimh Biadh.

THA mi guidhe ort, O Thighearna, gun dean na sochairean tha thu a 'g ullachadh air mo shon, mo neartachadh a chum mo dhleasdanas lathail a choilionadh, agus mar tha thu-sa caomhna mo bheatha gum bi i air a

caitheamh ann ad sheirbheis, air sgath
do mhic ar Slanuirhear beannaichte.
Amen.

Altach Leinibh an Deigh Biadh.

DEAN mi uile thaingeil, O Thigh-
earna air sonn m'arain lathail, agus
air son gach trocair eile tha mi faot-
ainn, agus cuidich leam do ghradhach-
adh agus seirbheis a dheanamh dhuit
Fhir-bhuileachadh gach math, air sgath
Iosa Crìosd. Amen.

A' CHRIOCH.

